

# Òran do Mhaighdinn Cois a' Bhile

le Dòmhnall MacGriogair



'S ro muladach neo adhmhor,  
Mo chàradh san uair 's  
An déidh mo leannan fhàgail  
Sa bhràighe seo shuas,  
Gur i mo chruinneag ghaolach,  
Tha 'gruaidhean mar na caoran,  
Mar ùbhlán air bhàrr chraobh dheth  
Nach fhaodar am buain.

Ge duilich dhomh 's ge diblidh  
'Bhith às do dhìth gach uair,  
Chan aithnich neach gum bi mi  
Fo mhì-ghean no ghruaim,  
'S ge cruaidh thu 'bhith 'gam fhàgail,  
Cha chuir do ghaol gu bàs mi,  
'S cha ghiorraich e mo làithean  
Gu bràth urad 's uair.

Mas e fear 'thig ri d' chàirdean  
As dòch' do thoirt uam,  
Nach truagh cho fad 's a bha mi  
'Gad thàladh gun bhuidh!  
Mas e gun d' rinn thu m' fhàgail,  
'S gur e fear eile 's àill leat,  
Nach b' fheàrr dhut innse tràth dhomh,  
Na fàs rium an ghruaim.

Is bochd leam thu 'bhith 'n còmhnaidh  
An dòchas cho truagh,  
An dùil gun d' rinn mi d' fhàgail,  
'S gun d' fhàs mi riut fuar,  
An gaol a thug mi tràth dhut,  
Am feast cha dèan mi àicheadh,  
Cho fad 's a bhios am bàs gun  
Mo chàradh san uair.

Ach 's dona 'rinn thu 'ràidhtinn  
Gun d' fhàs mi riut fuar,  
No gun do rinn mo chàirdean  
Mo bhlàth ghaol 'thoirt uat,  
Ged 'thighinn gu bhith 'g àicheadh,  
Mo chinnidh 's dùthaich m' àraich,  
Cho cinnteach ris a' bhàs, bidh  
Mo ghràdh dhutsa buan.

Nam biodh do chridh' cho deònach,  
Ri d' chòmhradh 'nam chluais,  
A dh'aindeoin na tha beò,  
Bhiodhmaid pòsta ri luaths,  
Bho 's ann 'ad phearsa bhòidhich,  
A tha mo ghaol-sa 'còmhnaidh,  
'S do nàdar seirceil còmhnard,  
Mo leòn thu 'bhith uam!

Tha sgeul air feadh na dùthcha,  
Gum bheil gach cùis gu réidh,  
Ach 's beag am fios na lùban,  
'Tha dùbhfhillt' 'nad chré,  
Cha d' chuir i cas am bròig, is  
Chan fhacas 'g imeachd feòir i,  
Mun dèanainn móran bròin,  
'S i gun deò dhomh de spéis.

Mas e 's gu d' rinn thu m' fhàgail,  
'S gut fheàrr leat fear ùr,  
Gun robh gach sonas àrd a'  
Cur blàth air do chrùn,  
'S mo dhùrachd fear as feàrr dhut,  
'Bhios fearail, toirteil, bàidheil,  
'S a chumas tu bho ànrath,  
Le càirdeas is mùirn.

Chan urrainn iad a ràch ach  
Gur geàrr 'bha do rùn,  
Is iomadh fear a b' fheàrr na  
Mì 'dh' fhàilnich sa chùis,  
Is iomadh fear a bhàrr orm,  
Nach d' fhuair a leannan làimh ris,  
An ni nach eil an dân,  
Ciod an stàth 'bhith 'na dhùil?

Cha bhi mi nis ag innse,  
Cò i 'tha mi 'luaidh,  
Ach cluinnear e ri tìm,  
'S i san tìr seo mun cuairt,  
Am Fairtrichill DiDòmhnach,  
Chan fhaicear bean a bòidhchead,  
'S nan teannadh i 'nam chòir,  
Rachadh fògradh fo m' ghruaim.

Ach càit' a bheil ri faotainn,  
Bean aogais mo luaidh?  
Cho fosgarr' ris an fhaoileig,  
Air aodann nan stuadh,  
Gu coibhneil, cridheil, seòlta,  
'S i 'shliochd nan daoine còire,  
Nis crìochnaichidh mi m' òran,  
An dòchas a buain.